

# Miann Cridhe Heart's Desire

Le Seumas MacCoinnich

*Thèid mi do na h-eileanan thairis air na monaidhean*  
*I will go to the islands over the moors*  
**Thairis air na mullaichean is fairge an iar;**  
*Over the peaks and the sea to the west;*  
**Siubhlaidh mi na cladaichean, 's na h-àirighean a b' aithne dhomh,**  
*I will travel the shores and the shielings that I have known,*  
**O gur sona bhios an cridhe tha nam chliabh.**  
*O happy will be the heart that is in my breast.*

## Rann 1

**Èiridh mi 's a' mhadainn mhoich 's nì mi air a bhealach dhubh**  
*I will rise in the early morning and I will make for the dark pass*  
**Ceòlraidh anns a' chamhanaich is langanaich nam fiadh,**  
*Music in the dawn and bellowing of the deer,*  
**Na h-eòin air bhàrr nan crannaibh ud gu sòlasach a' sanais rium,**  
*The birds in the tree-tops there whispering their contentment to me,*  
**Tha glòir nan uile mhathas ann is sòlas thar gach miann**  
*The glory of all the goodness is there and fulfilment for every wish*

## Rann 2

**Nam faiceadh sibh mo dhachaigh-sa le sioman fraoich is cabair air,**  
*If you were to see my home with heather ropes and rafters on it,*  
**Beanntan àrd' cur fasnadh air 's 'ga ghlasadh o gach sian;**  
*High mountains give shelter to it and shut out every storm;*  
**Gheibh thu siud do bheathachadh le sitheann mhath is maragan,**  
*You will get there your fill of good venison and black puddings,*  
**Gruth is càis' is eireagan bhios agad gu do bhiadh.**  
*Crowdie and cheese and chickens you will have for your food.*

## Rann 3

**'S ma 's e duine pròisiel thu 's e 'n gliocas dhut gu 'm pòsadh tu,**  
*And if it is a proud man you are, it would be wise of you to marry.*  
**Do chèile bhith 'nad sheòmar leat, a' còcaireachd 's a' sniomh**  
*Your wife would be in the room with you, cooking and spinning*  
**'S na tuill troimh 'n d' thàinig d' òrdagan a-nise mar bu chòir dhaibh bhith,**  
*The holes through which you toes come just now would be put right to your satisfaction,*  
**Is lèine ghlan de 'n drògaid ort 's gur òrdail tha do rian.**  
*And a clean shirt of rough cloth will be your normal manner.*

## Rann 4

**Thoir dhomsa pìob is cròic oirre le spliuchan bèin an ròin agam.**  
*Give me a pipe with a pile (of tobacco) in it and a sealskin tobacco pouch that I have.*  
**Tombaca math 'na thòrr agam luchd eòlais ri mo thaobh:**  
*Good tobacco in heaps I have and acquaintances by my side.*  
**Chan iarrainnsa 's chan òrdaichinn a' chaochladh air an t-sòlas sin,**  
*I would not request and I would not order anything to change the solace there,*  
**'S ge b' e cho fada beò bhios mi, chan iarr mi 'n corr de mhaoin.**  
*And for as long as I should live, I will not ask for more wordly wealth.*

**Thèid** – will go; **eileanan** – islands; **thairis** – over, across; **monaidhean** – moors; **mullaichean** – peaks; **fairge** – sea; **iar** – west; **Siubhlaidh** – will travel; **cladaichean** – shores; **àirighean** – shielings; **aithne** – known; **dhomh** – to me; **sona** – happy; **bhios** – will be; **cridhe** – heart; **chliabh** – breast;

**Èiridh** – will rise; **mhadainn** – morning; **mhoich** – early; **nì** – will make; **bhealach** – hill pass; **dhubh** – dark; **Ceòlraidh** – musicians; **chamhanaich** – dawn; **langanaich** – bellowing; **fiadh** – of deer; **eòin** – birds; **bhàrr** – top; **crannaibh** – of trees; **ud** – there, yonder; **sòlasach** – contentment; **a' sanais** – whispering; **rium** – with (to) me; **glòir** – glory; **mhathas** (mhaitheas) – goodness;

**Nam** – if; **faiceadh** – would see; **sibh** – you; **dhachaigh** – home; **sioman** – rope; **fraoich** – heather; **cabair** – roof-trees, rafters; **Beanntan** – mountains; **àrd'** – high; **fasnadh** – shelter; **ghlasadh** – shutting; **gach** – every; **sian** – storm; **Gheibh** – will get; **siud** – there; **bheathachadh** – livelihood, nourishment; **sitheann** – venison; **mhath** – good; **maragan** – black puddings; **Gruth** – crowdie; **càis'** – cheese; **eireagan** – chickens; **bhios agad** – you would have; **bhiadh** – food;

**duine** – man; **pròisiel** – proud; **gliocas** – wise; **pòsadh** – marry; **chèile** – wife; **sheòmar** – room; **leat** – with you; **a' còcaireachd** – cooking; **sniomh** – spinning; **tuill** – holes; **troimh** – through; **d' thàinig** – would come; **òrdagan** – toes; **a-nise** – now; **choir** – should; **dhaibh** – to you; **bhith** – will be; **lèine** – shirt; **ghlan** – clean; **drògaid** – coarse cloth; **òrdail** – regular; **rian** – manner, method;

**Thoir** – give; **dhomsa** – to me; **pìob** – tobacco pipe; **cròic** – pile; **oirre** – on it; **spliuchan** – tobacco pouch; **bèin** – skin; **ròin** – of seal; **Tombaca** – tobacco; **thòrr** – piles, heaps; **luchd eòlais** – acquaintances; **thaobh** – side; **iarrainnsa** – request; **òrdaichinn** – order; **a' chaochladh** – to change; **sòlas** – solace; **cho fad** – as long; **beò** – alive; **iarr** – ask; **corr** – more than; **mhaoin** – wordly wealth.